

AINM:

CLAS:

Ìre 3-6 Fìleantaich

# An Lioft

le Mona Striewe

## Faclair

Leugh an sgeulachd agus maids facal/abairt air an taobh chlì ri facal/abairt air an taobh dheas.

co-labhairt	sgìtheil
ràsanach	smaoineachadh
mèorachadh	faireachdainn gu bheil an comas ann rudeigin a dhèanamh
dicheallach	coinneamh mhòr
misneachd	peitean beag a chuireadh tu timcheall air do ghuailnean
guailleachan	cùramach
faileas	uabhasach fuar
air a lathadh	stiùir
treòraich	àite dorcha far nach ruig an solas

## Cànan

Obraichibh còmhla ri caraid. Tha tòrr bhuadhairean a' nochdadh san sgeulachd seo. Tagh còig buadhairean às an sgeulachd agus dèan còig seantansan ùra a' cleachdadh nam buadhairean. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

**leanabail** Cha robh Màiri airson an gèam a chluich bhon a bha e ro *leanabail* dhi.



### Obair Clas

Tha tòrr de sgeulachdan à diofar dhùthchannan a tha a' dèiligeadh ris an aon chuspair a tha a' nochdadh san sgeulachd seo – taibhs a tha a' nochdadh ann an càr cuideigin. A bheil duine sam bith air stòiridhean eile mar seo a chluinntinn? Bhiodh e math nam biodh beagan deasbaid air a leithid mus tòisich thu air na ceistean. Dè tha a' toirt air daoine a bhith a' creidsinn sgeulachdan mar seo? Dè dhèanadh tusa nan tachradh a leithid riut fhèin?

### Ceistean

Smaoinichibh air na ceistean seo còmhla:

1. Ciamar a tha e follaiseach gun robh an dràibhear toilichte gu leòr sa chàr aig toiseach gnothaich?
2. Minich dè seòrsa oidhche a bh' ann.
3. Ciamar a bhiodh e doirbh don dràibhear an nighean fhaicinn?
4. Ciamar a dh'fheuch an dràibhear ri cofhurtachd a thoirt don nighinn air an turas?
5. Dè an rud a bu mhotha a bha a' cur dragh air an nighinn?
6. Carson nach b' urrainn don dràibhear gealltanais sam bith a thoirt seachad mun seo?
7. Dè thachair nuair a leum rudeigin a-mach às an dorachdas air beulaibh a' chàir?
8. Minich mar a dh'fheuch an dràibhear ri lorg fhaighinn air an nighinn.
9. Dè chunnaic e nuair a ràinig e am baile far an robh an nighean ag iarraidh a dhol?
10. Carson nach robh aig an dràibhear ri dad a mhìneachadh mun tachartas don duine eile?
11. Ciamar a bha dearbhadh ann gun robh an stòiridh fìor?
12. A bheil thu a' creidsinn an stòiridh seo? Dè tha a' toirt ort seo a ràdh?



### Labhairt

Ann am buidhnean, smaoinichibh air stòiridh mar seo a chuireas an t-eagal air càch sa chlas no a bhios doirbh do chàch a chreidsinn.

- Bidh deich mionaidean aig na buidhnean an stòiridh a chur ri chèile.
- Nuair a bhios gach buidheann deiseil, thig iad a-mach air beulaibh a' chlas turas mu seach.
- Tha leth-mhionaid aig a h-uile duine sa bhuidhinn pìos den stòiridh innse.
- Innsidh a' chiad duine sa bhuidhinn a' chiad phàirt den stòiridh do bhuidhnean eile.
- An ceann leth-mhionaid, feumaidh an dara neach an stòiridh a chumail a' dol.
- Feumaidh an neach mu dheireadh crìoch a chur air an stòiridh.
- Cò a' bhuidheann as fheàrr? An do chreid thu an stòiridh a dh'inns iad? Carson?



**Cha mhòr nach do stad mo chridhe!**